

# An còta seunta



An teacsa Susan Akass  
Na dealbhan Jan Nesbitt  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Cha robh am Prionnsa Ivan idir toilichte.  
Bha mòran dhèideagan aige  
ach cha robh e airson cluich leotha.  
“Dè nì mi an-diugh?” thuirt e.



Dìreach an uair sin thàinig a’ bhànrigh a-steach agus thuir i ris, “Ivan, cuir ort do chòta!

Tha sinn a’ dol a-mach cuairt.”

Chaidh am Prionnsa Ivan dhan phreas a dh’iarraidh còta.

Bha a h-uile seòrsa còta aige ach cha bu toil leis gin dhiubh.



Thug e an aire do chiste òir.

Air a' chiste bha an sgrìobhadh, 'Na fosgail'.

“Dè tha am broinn na ciste?” thuirt am  
Prionnsa Ivan, agus dh'fhosgail e i.

Na broinn bha còta rìomhach.

“Nach sgoinneil an còta seo!” thuirt e,  
agus chuir e air e.



Ruith Ivan a-mach às an rum gus am faiceadh  
a' bhànrigh e, ach dh'èirich e suas!


'S e còta seunta a bha seo agus sgèith e suas  
dhan iarmailt leis.

“Trohadh air ais!” dh'èigh a' bhànrigh.





Ach cha robh am Prionnsa Ivan airson tilleadh.  
Sgèith e thairis air a' chaisteal,  
thairis air a' bhaile agus suas,  
suas thairis air na beanntan.



Thàinig e a-nuas air a' bheinn a b' àirde.  
Bha sneachda trom ann agus bha Ivan  
uabhasach fuar.

“Thèid mi dhan uaimh ud,” thuirt e.

“Tha ceò a' tighinn aiste agus feumaidh  
gu bheil teine aig cuideigin innte!”

Ach cha b' e teine a bha ann ...





'S e dràgon a bha ann!

“Na ith mi idir,” ars am Prionnsa Ivan.

“Chan ith mi thu ma chluicheas  
tu còmhla rium,” ars an dràgon.

“Cluichidh gu dearbh,” ars Ivan.”

Dè chluicheas sinn?”



“Chan eil dèideagan agam,” ars an dràgon,  
“ach tha mòran ionmhais agam.”

“Faodaidh sinn cluich leis an ionmhas,”  
thuirt Ivan.

“Nach cluich sinn sgidilean le na cupanan agus  
am bàlla seo.”





Cha robh an dràgon math air sgidilean.  
Shad e am bàlla ach cha do  
bhuail e aon chupa.



“Feuch a-rithist,” thuir Ivan.

Dh’fheuch agus dh’fheuch an dràgon.

“Feuchaidh mi aon turas eile!” thuir e,  
agus shad e am bàlla gu luath.

Thuit na cupanan uile!

“HO! HO! HO!” ars an dràgon.



Choimhead am Prionnsa Ivan sìos  
ris a' chòta sheunta. Bha e na theine.  
“Cuidich mi!” dh'èigh e.



Chunnaic an dràgon sin agus phut e Ivan  
a-mach às an uaimh dhan t-sneachd fhuar.



Chuir an sneachda às an teine ach bha toll anns a' chòta. “Tha mi an dòchas nach do dh’fhalbh an seuntachd às,” thuirt am Prionnsa Ivan.

“Ciamar a gheibh mi dhachaigh?”

“Faodaidh tu fuireach còmhla riumsa,”  
ars an dràgon.





“Gabh mo leisgeul ach feumaidh mi falbh a-nis,” ars Ivan, agus ruith e a-mach. Sgèith e suas. Cha robh an seuntachd air falbh! Bha an dràgon brònach a’ faicinn a’ Phrionnsa Ivan a’ sgèith air falbh.

“An till thu a-rithist?” dh’fhaighnich e.

“Tillidh,” ars Ivan. “S mi a thilleas.”



Sgèith am Prionnsa Ivan air ais dhan chaisteal.

Bha a' bhànrigh glè chrosta ris.

“Càite robh thu an-diugh?” dh'fhaighnich i.

“Nach seall thu air do chòta!

Thoir dhìot e sa mhionaid!”



Thug am Prionnsa Ivan dheth an còta seunta.  
“Tapadh leat a chòta sheunta,” thuirt e.  
“Cuiridh mi orm thu an ath thuras a bhios mi  
a’ dol cuairt gum charaid an dràgon.”